

Iomadan, factaran agus prìomhan

Teirmean	Eisimpleirean	Mìneachadh
Factar coitcheann		<p>Ma tha àireamhan a' roinn aon fhactar no barrachd, canar factaran coitcheann nan àireamhan sin riutha.</p> <p>Mar eisimpleir: 12 agus 30</p> <ul style="list-style-type: none"> Is e factaran 12: 1, 2, 3, 4, 6 agus 12 Is e factaran 30: 1, 2, 3, 5, 6, 10, 15 agus 30 <p>Mar sin, 's e factaran coitcheann 12 agus 30: 1, 2, 3 agus 6.</p>
Iomad coitcheann		<p>Àireamh a tha na iomad a tha coitcheann do dhà àireamh no barrachd.</p> <p>Mar eisimpleir:</p> <ul style="list-style-type: none"> Is e iomadan 2: 2, 4, 6, 8, 10, 12, 14, 16, 18, ... Is e iomadan 3: 3, 6, 9, 12, 15, 18, ... <p>Mar sin, 's e iomadan coitcheann 2 agus 3: 6, 12, 18,</p>
Factar		<p>Is e àireamh a th' ann am 'factar' ma tha e a' roinn gu dìreach ann an àireamh, me 's e factaran 10: 1, 2, 5, 10</p>
Factarachadh		<p>Lorg nan àireamhan uile a tha ag iomadachadh còmhla gus an àireamh leis an tòisich thu a thoirt dhut.</p>
Factar coitcheann as àirde (HCF)		<p>Am factar coitcheann as àirde de dhà àireamh no barrachd.</p> <p>Mar eisimpleir:</p> <p>Is e 12 HCF 24 agus 36 oir is e am factar as àirde a roinneas co-ionann anns na dhà.</p>

Iomadan, factaran agus prìomhan

<p>Iomad coitcheann as ìsle (LCM)</p>		<p>An iomad as ìsle a tha coitcheann do dhà àireamh, mar eisimpleir:</p> <p>Is e 12 an iomad coitcheann as ìsle de 6 agus 12.</p>
<p>Iomad</p>		<p>Cunntadh ann an ceumannan co-ionann, me iomadan de $2 = 2, 4, 6, 8...$</p> <p>Tha iomad cuideachd mar thoradh air iomadachadh àireimh le àireamh shlàn no àireamh àicheil, me</p> <p><i>Tha 15 na iomad de 5 oir tha $5 \times 3 = 15$ ach chan eil 16 na iomad de 5 oir chan urrainn iontaidsear iomadachadh le 5 airson 16 fhaighinn.</i></p>
<p>Prìomh àireamh</p>		<p>Chan urrainn prìomh àireamh a roinneadh co-ionann ach le 1, no e fhèin.</p> <p>Feumaidh e a bhith na àireamh shlàn nas motha na 1, me chan urrainn 5 a roinneadh co-ionann ach le 1 no 5, mar sin 's e prìomh àireamh a th' ann ach faodaidh 6 a roinneadh co-ionann le 1, 2, 3 agus 6, mar sin chan e prìomh àireamh a th' ann ('s e àireamh cheangailte a th' ann).</p>